

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 4 | 2015 | AN GIBLEAN

## Facal Toisich

Aig toiseach a' mhìos seo bidh an Eaglais air feadh an t-saoghail a' cumail na Càisge. Bidh na seirbheisean eadar-dhealaichte a rèir dòigh adhradh gach eaglais, ach 's e an aon teachdaireachd a bhios aig gach coitheanal – gun tug losa buaidh air cumhachd a' pheacaidh agus air cumhachd a' bhàis.

Ann an iomadh seadh tha an saoghal anns a bheil sinn beò a' cur feum air aiseirigh, a bhith ag èirigh an-àird os cionn nan nithean dorcha a tha a' dèanamh sgrios ann an iomadh dùthaich. A h-uile latha tha sinn a' cluinntinn mu dhaoine a bhith air an cur gu bàs gu h-an-ìochdmhor. Thàinig losa airson gum biodh beatha againn, beatha ann am pailteas.

Tha feum air aiseirigh ann am beatha na h-Eaglais, oir chan eil i cho beothail agus a bha i anns na bliadhnan a dh'fhalbh. Chan eil daoine a' frithealadh seirbheisean na Sàbaid mar a bhiodh iad nuair a bha a' chuid mhòr againn na b'òige. Tha eaglaisean ann, gu h-àraidh anns na bailtean mòra, far am faicear mòran òigridh anns a' choitheanal Sàbaid an dèidh Sàbaid. Ach air a' Ghàidhealtachd anns an fharsaingeachd 's e daoine a tha air tighinn gu aois a ch' am ministear air a bheulaibh gach Sàbaid.

Tha mi a' creidsinn gun aidich sinn uile gu bheil feum aig gach aon againn air teachdaireachd na h-aiseirigh gu pearsanta nar beatha spioradail. Bha an salmadair a bhiodh ag imeachd gu dlùth do Dhia mothachail gu robh feum aige air a bhith air a thogail le cumhachd Dhè. Mar sin bhiodh e ag ùrnaigh -

*Nach dèanar leatsa, Dhia nan gràs,  
A-ris ar tabhairt beò.*

Ùrnaigh a bhiodh freagarrach agus iomchaidh dhuinn uile aig àm na Càisge.

**Gach deagh dhùrachd dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid.**



**Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo nuair a bha e a' dol tro shiorrachd Pheairt. Seo an eaglais ghrinn ann an Dùn Chailleann, a thogadh ann an 1798. Chaidh an eaglais a dhealbh agus a thogail le Iain Stiùbhart agus bha trì taighean-adhradh eadar-dhealaichte air an dearbh làraich seo anns na seann linntean. Nuair a bha a' Ghàidhlig beò anns na ceàrnaidhean mun cuairt bhiodh seirbheisean Gàidhlig air an cumail ann an eaglais Dhùn Chailleann.**

## Cùil nan Ceist

Tha an t-abstol Pòl tric 'na litrichean a' dèanamh iomraidh air aiseirigh Chrìosd. Dhàsan bha teachdaireachd na Càisge, bàs agus aiseirigh an Tighearna, mar bhun-stèidh don chreideamh Chrìosdail. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mun aiseirigh ann an litrichraean an abstoil.

1. Cò a dh'èireas an toiseach? (1 Tesalonianaich, caibideil 4.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Mura d'èirich Chrìosd, gu deimhinn is dìomhain ar ———". (1 Corintianaich 15.)
3. Cò a tha "'na Thighearna air a' bheò agus air a' mharbh"? (Ròmanaich, caibideil 14.)
4. Cia meud de na bràithrean a chunnaic losa aig aon àm an dèidh dha èirigh o na mairbh? (1 Corintianaich, caibideil 15.)

# Stòiridhean – 3

'S e oidhche dhòrainneach a bha ann anns an ospadal ann an Africa. Bha màthair air bàsachadh a' fàgail leinibh neo-thìdeil agus nighean bheag dà bhliadhna a dh'aois. 'S e botall teth an rud a bu chudthromaiche airson an leanabh a chumail blàth ach bha am fear mu dheireadh gun fheum.

An ath latha chruinnich an dotair clann dachaigh nan dìlleachdan agus dh'innis i dhaibh mu dhèidhinn an leinibh a bha air ùr-bhreith. Bha nighean, deich bliadhna a dh'aois, ag èisteachd le ro-aire, agus rinn i ùrnaigh mar seo.

*A Dhè, cuir thugainn botall teth an-diugh. Cha bhi e gu feum sam bith a-màireach agus fhad 's a tha Thu aige cuir doile chun na h-ìnghinn bhig a chaill a màthair ach gum bi fios aice gu bheil gràdh agad oirre.*

Bha e duilich don dotair a h-Amen a chur ris an ùrnaigh. Bha i air a bhith ann an Africa ceithir bliadhna agus cha robh i riamh air parsal fhaighinn bhon taigh, agus cò a smaoinicheadh botall teth a chur ann am parsal is iad a' fuireach air an Equator.

Letheach slighe tron fheasgar thàinig fios thuice gu robh càr aig an doras aice. Mus do ràinig i bha an càr air falbh agus bha parsal mòr air fhàgail aig an doras. Chuir i fios air a' chloinn agus bha a h-uile duine air bhoil fhad 's a bha iad a' fosgladh a' pharsail. Bha geansaidhean agus iomadach seòrsa rud ann agus faisg air a' bhonn dè a bha anns a' pharsal ach botall teth. Thàinig na deòir gu sùilean an dotair oir cha robh hi air creidsinn gun tachradh sin.

Dh'èigh Ruth, a bha air an ùrnaigh a dhèanamh anns a' mhadainn, *Ma chuir E thugainn botall teth tha fios gun do chuir E doile cuideachd agus thòisich i a' rùileach am bonn a' bhocsa agus cha robh e fada gus an do lorg i an doile.*

Bha am parsal air a bhith air an t-slighe fad chòig mìosan agus ràinig e an dearbh latha a bha feum air. Bha adhbhar gàirdeachais 'nam measg an latha sin.

Ann an leabhar Mhata tha sinn a' leughadh, *Fuilingibh do na leanaban, agus na bacaibh dhaibh teachd am ionnsaigh; oir is ann den leithidean sin s tha ròghachd nèimh.*

**Oighrig Fhearghsdan,  
(A' Mhanachainn)**

# Searmon Beag

*Thuit cuid ri taobh an rathaid.* (Lùcas 8:5)

Tha facal againn anns a' Bheurla mu bhith a' tuiteam ri taobh na slighe. Tha sinn a' ciallachadh le sin 's dòcha cuideigin a thòisich air iomairt air choireigin ach nach do chùm air adhart.

'S dòcha gur e cuideigin a thòisich air rèis agus a bha air thoiseach air càch, ach chaill iad an lùths agus chaill iad am misneachd agus cha do chrìochnaich iad an rèis. No ma dh'fhaodte gur e cuideigin a thòisich air obair air choireigin ach nach do chuir crìoch air. Thuit iad ri taobh na slighe.

Tha sinn a' coinneachadh ri daoine air duilleagan nan Sgrìobtar a bha mar sin.

Tha Eòin 'na shoisgeul a' sgrìobhadh mu rud-eigin a thachair faisg air toiseach ministrealachd Iosa. *On àm sin chaidh mòran de a dheisciobail air ais, agus cha do dh'imich iad nas motha maille ris.* 'S dòcha gu robh na daoine seo glè dhùrachdach ann a bhith a' leantainn Chrìosd aig toiseach gnothaich. Ach nuair a thuig iad nach robh an rathad cho furasta agus a bha iad an dùil, thuit iad ri taobh na slighe.

Bha caraid aig Pòl air an robh Dèmas. An toiseach tha Pòl a' bruidheann air mar a *cho-obraiche*. Ach 's e am facal mu dheireadh a tha aig an abstol ma dhèidhinn, *Thrèig Dèmas mi, air dha an saoghal a tha a làthair a ghràdhachadh.* Chan eil fios againn dè a thachair, ach thuit Dèmas ri taobh na slighe.

Aig an àm seo tha tuathanaich agus croitearan trang le obair an earraich. Tha mòran de na cosmhalachdan a dh'innis Iosa gar toirt chun nan achaidhean arbhair aig àm cur agus buain.

Tha Lùcas ag innse mu shìol air a chur ann an ceithir seòrsachan talmhainn, Thuit cuid ri taobh an rathaid. Thuit cuid dheth air carraig, air talamh creagach far nach robh doimhneachd. Thuit pàirt dheth am measg droighinn, thachd an droigheann e agus cha robh cothom aige fàs. Agus bha cuid den t-sìol air talamh math, talamh torrach far an do dh'fhàs e agus far an do ghiùlain e mòran toraidh.

Eadar-dhealaichte ris na cosmhalachdan eile, tha Iosa a' mìneachadh do na deisciobail dè a bha a' chosmhalachd seo a' ciallachadh. Tha e soilleir gur ann mu chridhe an duine a tha an Slànaighear a' labhairt, na dòighean eadar-dhealaichte anns am bi daoine a' gabhail ris an t-soisgeul.

An sìol air a chur air talamh creagach, an talamh tana, a tha a' fàs gu luath agus a' searg a cheart cho luath, 's e a tha an sin an creideamh nach eil ach air an uachdar, agus nuair a dh'fhàsas cùisean doirbh tha an creideamh tana sin a' crìonadh.

# Leabhraichean

Thug sinn iomradh roimhe seo air a' cheud earrann den leabhar seo mu ainmeannan nan àiteachan ann an Ratharsair agus anns na h-eileanan mun cuairt air. Bha a' cheud leabhar a' mìneachadh ciall nan ainmeannan. Anns an leabhar seo tha sinn a' cluinntinn mu na sgeulachdan co-cheangailte ris na h-àiteachan.

Tha dà fhichead caibideil agus a dhà anns an leabhar, gach caibideil a' dèiligeadh ri cuspairean eadar-dhealaichte a tha taisgte suas ann an ainmeannan àiteachan.

Tha tè de na caibideilean as fhaide a' toirt cunntais air na craobhan a gheibear anns na h-eileanan. Tha grunn àiteachan ann ceangailte ri craobhan seilich, mar eisimpleir, *An Cadha Seileach* agus *Preas an t-Seilich*.

Tha an t-ainm *Cill Mo Luaig* ann an cuid de na h-Eileanan an Iar, gar toirt air ais gu àm na h-Eaglais Cheiltich.

**Gach Cùil agus Cèal.**

**Ainmeannan àite: Firinn is Faoin-sgeul**

**Eilean Ratharsair, Eilean Rònaigh, Eilean Fhladaigh.**

**Earrann 2.**

**le Rebecca NicAoidh**

**(air fhoillseachadh le Urras Dualchas Ratharsair.)**

Tha cuspairean anns an leabhar a tha gar toirt air ais gu na daoine a bha a' fuireach air na h-eileanan seo anns na ginealaichean a chaidh seachad, an obair agus an dòigh beatha a bha iad a' leantainn. Tha caibideilean againn air tuathanachas, àirighean, tobraichean, buntàta, eòin is feamainn. Tha sgeulachdan ann cuideachd a tha air tighinn a-nuas ann an eachdraidh mu shithichean agus bana-bhuidsich. Tha e math gu bheil piosan bàrdachd againn an siud agus an seo

Air duilleagan an leabhair seo tha sinn a' coinneachadh ri daoine a bha ainmeil ann an eachdraidh a thadhail ann an Ratharsair, ach tha sinn a' coinneachadh aig an dearbh àm ri fir agus mnathan a bhuineadh do na h-eileanan seo a dh'fhàg an làraich fhèin air beatha an t-sluaigh.

Thuit cuid den t-sìol am measg droighinn agus thachd an droigheann e. 'S e a tha sin daoine a tha air am beò-ghlacadh le rudan eile, rudan an t-saoghail seo, agus tha an sìol a bha a' fàs air a mhùchadh.

Agus dè a-nis mun t-sìol a thuit ri taobh an rathaid?

Bhiodh an talamh air a roinn ann an earrainnean. Eadar gach pìos den talamh a bha air àiteach bha frith-rathad, ceum-coise. Bha an rathad sin air fàs cho cruaidh ris a' chreig le daoine a bhith a' coiseachd air. Cha dèan an sìol ach laighe air uachdar na talmhainn agus dh'fhalbhadh na h-eòin leis.

'S e a bha an sin daoine aig an robh cridhe fuar cruaidh. Cha ghabhadh iad ri teachdaireachd an t-soisgeil. Bha an inntinn dùinte. *An-diugh, ma chluinneas sibh mo ghuth, na cruadhaichibh bhur cridhe.*

Ach tha mi a' creidsinn gu bheil sinn uile ag iarraidh a bhith coltach ris an t-sìol a chuireadh ann an talamh math far an do ghiùlain e toradh. *An seo tha m'Àthair-sa air a ghlòrachadh, gun toir sibhse mòr-thoradh uaibh.*

## Eadar Clachan Shannda agus Tobar na Màthar

Bho chionn grunn bhliadhnan a-nis tha Gàidheil air mòr-thlachd fhaighinn o na sgrìobhaidhean aig Tormod Dòmhnallach ann an irisean leithid, *Am Pàipear* agus *Na Duilleagan Gàidhlig*. Tha iad cuideachd eòlach air a bhith ag èisteachd ris air prògraman Gàidhlig. A-nis tha eachdraidh a bheatha againn 'na fhaclan fhèin. Rugadh Tormod ann an Clachan Shannda ann an Uibhist a Tuath agus tha e air a bhith a' fuireach ann an Tobar na Màthar o 1957, agus 's ann on dà bhaile sin aig a bheil àite cho cudthromach ann am beatha an ùghdair a gheibhear tiotal an leabhair.

Tha an Tormod a' dèiligeadh ri iomadh cuspair a bheir togail-inntinn don luchd-leughaidh. Gheibh sinn seallaidhean an seo air cò ris a bha e coltach a bhith ag èirigh suas ann an Uibhist a Tuath ann an saoghal a tha nas socaire na an saoghal anns a bheil sinne beò. Bheir e sealladh do dh'òigridh an latha an-diugh mar a bha beatha a' chroiteir anns na bliadhnan ron Darna Cogadh, beatha riaslach ach far an robh teaghlach a' co-obrachadh.

Bheir e tlachd don fheadhainn a chaidh don sgoil ann an Uibhist agus a-rithist ann an sgoil Phort Rìgh far am biodh na sgoilearan as na h-eileanan agus à ceàrnaidhean iomallach den Eilean

Sgitheanach a' fuireach ann an hostail nan gillean a bhith a' leughadh nan cuimhneachan aig Tormod. 'S e a tha sin dòigh-beatha a tha a-nis air a dhol à bith a chionn gu bheil àrd-sgoiltean againn an-diugh anns na h-eileanan a-muigh.

Bha aig Tormod ri seirbheis a dhèanamh ann am Feachd an Adhair agus tha e ag innse mu na bliadhnan sin. Sin saoghal eile air a bheil òigridh ar latha aineolach.

Nuair a bha Tormod Dòmhnallach a' dol tron fhòghlam ann an Oilthaigh Ghlaschu bha e sgileil air spòrs, ball-coise agus iomain. Ro àm a' Cheud Chogaidh sguir na h-Uibhistich a bhith ag iomain ach bha camanachd gu leòr anns an Eilean Sgitheanach agus bha Tormod 'na bhall de sgioba an Oilthaigh. Tha sinn a' leughadh mu na h-oileanaich a bha còmhla ris aig an àm sin. Bha càirdeas agus co-chomann am measg nan oileanach Gàidhealach.

Tha iomradh againn air na bliadhnan a bha Tormod trang 'na mhaighistir-sgoile. Tha caibideilean againn anns an leabhar mu na bliadhnan sònraichte sin cuideachd.

Aig £7.95 's e fìor bhargan a tha anns an leabhar seo. Tha modh-sgrìobhaidh aig an ùghdar a tha tarraingeach don leughadair. Nuair a bha Tormod Dòmhnallach 'na òganach ann an Uibhist bha a' Ghàidhlig air leth làidir anns a' choimhearsnachd. Tha an leabhar air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a tha siùbhlach fallainn a bhios 'na sùileachan do sgrìobhadairean òga an latha an-diugh. Tha seo air leabhar cho ionmholta agus a dh'fhoillich *Acair*.

'S toigh leam leabhar mar seo anns a bheil seann dealbhannan a tha a' cur gu mòr ris an eachdraidh. Tha suas ri leth-cheud dealbh ann an *Eadar Clachan Shannda agus Tobar na Màthar*.



**Rugadh Tormod Dòmhnallach ann an 1930. Seo sealladh de Loch nam Madadh ann an dealbh a thogadh corr is deich bliadhna fichead mun do rugadh an t-ùghdar. Chan eil mòran atharrachaidhean air tighinn air cuid de na togalaichean ann an ceud bliadhna.**

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Agus bha iad a-ghnàth anns an teampall, a' moladh agus a' beannachadh

Dhè". Sin na faclan mu dheireadh ann an soisgeul Lùcais. (Lùcas 24:53) Bha Crìosd air èirigh on bhàs. Chunnac na deisciobail E. Chreid iad gu robh E beò. A-nis bha E air a thogail suas gu nèamh. Ach gheall E gun tigeadh an Spiorad Naomh airson neart a thoirt dhaibh. Air Latha na Caingis bha an gealladh sin air a choileanadh. Fhuair an eaglais cumhachd ùr.



Ann an dòigh bha an Eaglais Cheilteach a' toirt barrachd àite don Chàisg na bha i don Nollaig. Tha breith

Chrìosd cudthromach. Tha bàs agus aiseirigh Chrìosd cudthromach. Ach tha barrachd laoidhean againn anns a' Ghàidhlig mun chrann-cheusaidh na tha againn mun stàball. Air a' mhìos seo bidh sinn a' cuimhneachadh air na beannachdan a tha againn a chionn gun d'fhuair losa bàs air ar son agus a chionn gun do dh'èirich E a-rithist. Tron chrann-cheusaidh tha mathanas againn. Tron uaigh fhalamh tha dòchas beò againn.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is fhasa teàrnadh na dreadh." (It is easier to descend than to climb.) Tha sin

fìor gu litireil agus gu spioradail. Bha daoine ann a bha deònach losa a leantainn nuair a bha a' ghrian a' deàrsadh. Cha robh iad idir cho deònach a bhith 'nan deisciobail nuair a bha an latha neulach dorcha. Bha Crìosdaidhean air an geur-leanmhainn anns a h-uile linn. Tha creidmheach a' fulang geur-leanmhainn ann an iomadh dùthaich an-diugh. Ach tha iad a' seasamh gu daingeann anns a' chreideamh.



Tha dreadh ùr a' tighinn air an t-saoghal aig an àm seo den bhliadhna. Air a' mhìos seo tha sinn a'

cuimhneachadh air aiseirigh Iosa. Chì sinn aiseirigh cuideachd anns an talamh mun cuairt oirnn. Tha beatha ùr a' tighinn far nach robh ach falamhachd agus bàs. Tha dathan ùra a' nochdadh. Tha làithean loma a' gheamhraidh seachad. 'S e àm brèagha den bhliadhna a tha seo. Tha a maise fhèin aig gach ràithe den bhliadhna, geamhradh agus samhradh, earrach agus foghar.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### EAGLAIS GHÀIDHLIG

Ann an iris a' Mhàirt den mhìosachan, *The Oldie*, tha aithisg mu thuras a ghabh neach-sgrìobhaidh gu Crombagh. 'S e an t-seann eaglais Ghàidhlig anns a' bhaile an nì a bu mhotha a tharraing aire an sgrìobhaiche, Deborah Marsh. Thogadh an eaglais ann an 1783, agus ged a tha i an-diugh gun cheann tha an tùr far an robh an glag fhathast 'na sheasamh.

### RANN

*On uaigh tràth thog Thu ris do Mhac,  
'S a ghlac Thu E gu nèamh,  
Làn-chinnteach rinn Thu sinne fòs  
Gun toir Thu beò sinn fèin.*

An dèidh nan salm ann am meadrachd gheibhear laoidhean air an stèidheachadh air cuibhreannan den Bhìoball. Seo ceathramh ann an dàn a tha suidhichte air 1 Peadar 1:3-4. Chaidh na laoidhean seo fhoillseachadh ann am Beurla o 1751. Ann an 1753 thàinig eadar-theangachadh Gàidhlig am follais a rinn an t-Urr. Alasdair MacPhàrlain, ministear Chill Mheallaird agus Chill an Inbhir ann an Earra Ghàidheal. Chaidh na laoidhean a thionndadh gu Gàidhlig cuideachd le ministear eile ann an Earra Ghàidheal, an t-Urr. Iain Mac a' Ghobhainn à Ceann Loch Chille Chiarain.

### GOIREAS FEUMAIL

Gheibhear a-nis am Bìoball Gàidhlig air fad air teip. Thòisich an iomairt seo anns na Hearadh, agus tha sinn fo fhiachan mòra do na leughadairean a rinn an obair ionmholta seo. Bidh seo gu h-àraidh feumail do dhaoine a tha dall no goirid anns an fhradharc. Nì e feum cuideachd do luchd-ionnsachaidh. 'S iomadh neach anns na làithean a dh'fhalbh a chleachd am Bìoball Gàidhlig mar leabhar fòghlaim nuair a bha iad a' togail a' chànain.

### DORLACH DE CHLOINN MHICLEOID

Aig deireadh a' Ghearrain thug Fear-deasachaidh nan *Duilleag* òraid seachad mu dhaoine air an robh Iain MacLeòid air an robh e fhèin eòlach no ris an do choinnich e ann an eachdraidh. Bha a' chuid mhòr dhiùbh 'nam ministearan, agus air dithis dhiùbh sin bha ar caraid an t-Urr. Iain MacLeòid a bha anns an Oban, agus an t-Oll. Urr. Iain MacLeòid, a bha anns na Hearadh eadar 1779 agus 1806.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist co-cheangailte ris an aiseirigh ann an litrichean Phòil a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig. 1. Na mairbh ann an Crìosd. 2. —searmoin-ne". 3. Crìosd. 4. Còig ceud.

### ADHBHAR GAIRE

Thug ministear fear de na h-èildearan leis agus e a' tadhal air bàtaichean-iasgaich a bha ris a' chidhe aig àm nuair a bha an t-iasgach trang. Air bòrd gach bàta leughadh am ministear cuibhreann às a' Bhìoball agus dh'iarradh e air an èildear ùrnaigh a dhèanamh. Mun robh iad ullamh bha aig an èildear ri fichead ùrnaigh a chur suas. An ath sheachdain thubhairt am ministear ris an èildear gu robh e airson an dearbh rud a dhèanamh. Nuair a chaidh iad air bòrd a' cheud bhàta rug an t-èildear air a' Bhìoball agus thubhairt e, "Nì mise am ministear a-nochd."

## Urnaigh

A Dhè uile-chumhachdaich,  
tha sinn a' moladh d'ainm  
airson teachdaireachd na Càisge,  
gun d'fhuair losa bàs air ar son  
mar Uan Dhè a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail  
agus gun do dh'èirigh E a-rithist le buaidh  
airson dòchas beò a thoirt dhuinne.  
Gum bi sinne,  
mar a bha an t-absol,  
ag iarraidh gum bi eòlas againn air-san  
agus air cumhach aiseirigh-san.

Amen

An dealbh air an taobh a-muigh:

Chan eil e gu diofar càit am bi  
sinn air chuairt anns an Eilean Sgitheanach  
chì sinn an Cuiltheann ag èirigh gu rìoghail  
os cionn gach baile.

Seo an sealladh a gheibhear  
air na beanntan iomraiteach seo à Ealaghol.